

Tha gach beathach is duine,  
 Nach d' ullaich 'na sheason,  
 Ga 'n egiuras le gaillinn,  
 Gun talla' gun eudach :  
 'S an dream a bha gniomhach,  
 Fas iorgult mi-dheirceil :  
 Nach d'thoir iasachd do leisgean,  
 An san t-sneachda ged eug e.

Tha 'n seillean 's an seangan,  
 Bha tional an storais,  
 Le gliocas gun mhearchd,  
 Tabhairt aire don doruinn :  
 'G ithe bidh 's ag 'ol meala,  
 Gun ghainne air lon ac,  
 Fuidh dhion ann san talamb,  
 O anail an reota.

Tha na cuileoga ciatsfach,  
 Bha diamhain san t-samhradh,  
 'S na gathannaibh greine,  
 Gu h-eibhinn a dannsa ;  
 Gun deasach 'gun churam,  
 Roimh dhuldach a gheimhraidh :  
 Tha iad nise a' basuch',  
 Ann sgach aite le teannntachd.

Ach eisd rium a shean-duin',  
 'S tuig an samhladh tha 'm stori,  
 Tha 'm bas a teachd tennn ort,  
 Sud an gheimhradh tha 'm oran :